

TEACHD A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBACH

Tha an earrann seo ag innse mar a tha gnìomhan is Oifis Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-dhiùc na Còirn air am maoinachadh agus a' toirt cunntas air dleastanasan an àrd luchd-obrach. Tha cosgais an luchd-obrach is a' mhòr-chuid de chaiteachas air gnìomhan oifigeil agus obair charthannais air a phàigheadh bhon teachd a-steach a tha Am Mòrachdan Rìoghail a' faighinn gach bliadhna bho Dhiùcachd na Còirn.

CUNNTAS TEACHD A-STEACH IS CAITEACHAIS

A' bhliadhna gu 31 Màrt

	2006 £000an	2005 £000an
Teachd a-steach is maoinachadh		
Diùcachd na Còirn	14,067	13,274
Tabhartasan-gus-Cuideachadh	1,584	2,381
Roinnean riaghaltais	489	307
Teachd a-steach iomlan is maoinachadh	16,140	15,962
Caiteachas		
Dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais	6,587	5,937
Tabhartasan-gus-Cuideachadh:		
Oifis Lunnainn is àite-còmhnaidh oifigeil	355	1,242
Siubhal oifigeil air plèana is rèile	1,149	1,059
Taic conaltraidh	80	80
	1,584	2,381
Tursan thall-thairis is fo-fhastadh armailteach	489	307
Caiteachas oifigeil	8,660	8,625
Cis	3,296	3,263
Caiteachas pearsanta	2,181	2,204
Caiteachas iomlan is cis	(14,137)	(14,092)
Còrr gnìomhail	2,003	1,870
Caiteachas calpa le lùghdachadh isleachaidh, ath-phàigheadh iasadan agus atharrachadh gu tasgaidhean	(1,867)	(1,739)
Còrr cruinn airgid-làimhe	136	131

TEACHD A-STEACH IS MAOINEACHADH

Diùcachd na Còirn

£milleanan
14.067

Diùcachd na Còirn

Mar a th' air a mhineachadh air duilleagan 6 agus 7, tha teachd a-steach Prionnsa na Cuimrigh a' tighinn bho Dhiùcachd na Còirn, oighreachd a th' air a dèanamh suas de sheilbh àiteachais, mhalairteach is còmhnaichail, sa mhòr-chuid ann an Iar Dheas Shasainn. Tha màileid thasgaidh ionmhasail aice cuideachd. Tha A Mhòrachd Rìoghail a' roghnachadh cuibhreann mhòr de theachd a-steach na Diùcachd a chleachdadh airson cosgaisean obair phoblach is charthannais fhèin, is na Bana-dhiùc, a choinneachadh. Bha an t-àrdachadh 6% ann an còrr na Diùcachd ann an 2005-06 gu mòr air sgàth buaidh ath-sgrùdaidh cudromach ann am màl seilbh mhalairtich, agus àrdachadh ann an teachd a-steach thasgaidh an dèidh maoinachaidhean bho reic seilbh mhalairtich ath-thasgadh.

Tha mion-sgrùdadh air teachd a-steach Prionnsa na Cuimrigh bho Dhiùcachd na Còirn mar a leanas.

A' bhliadhna gu 31 Màrt	2006 %	2005 %
Seilbh mhalairteach	38	44
Talamh àiteachais is forsaireachd	27	28
Seilbh chòmhnaidheach	15	14
Maoin ionmhasail	20	14
Iomlan	100	100

Tha cunntasan bliadhnaile Diùcachd na Còirn clò-bhuailte le The Stationery Office (TSO) agus gheibhear air lethbhreac òrdachadh air a' phost bho:
TSO, PO Box 29, Duke Street, Norwich NR3 1LN; air-loidhne: www.tso.co.uk/bookshop;
air fòn: 0870 6005522; air facs: 0870 6005533. Cuideachd ri fhaighinn aig www.duchyofcornwall.org

Tabhartasan-gus-Cuideachadh

£milleanan
1.584

Tha am maoineachadh airson pàigheadh cosgaisean oifigeil a chaidh a tharraing às leth no airson taic don Bhànrig mar Cheann na Stàite pàighte leis a' Phàrlamaid an àite toirt seachad teachd a-steach bhon Oighreachd Rìoghail. Tha am maoineachadh seo ga thabhann ann an trì dòighean: (i) Liosta Chatharra dhan Bhànrig agus Suim Bhliadhnaile Phàrlamaideach dha Diùc Dhùn Èideann, (ii) Tabhartasan-Gus-Cuideachadh agus (iii) cosgaisean pàighte dìreach le Roinnean Riaghaltais. Chan eil Prionnsa na Cuimrigh no Bana-dhiùc na Còirn a' faighinn Liosta Chatharra no Suim Bhliadhnaile Phàrlamaideach ach tha na Tabhartasan-Gus-Cuideachadh a tha pàighte do Dachaigh na Bànrìghe, gan cleachdadh, ann am pàirt, gus taic a chur rin gnìomhan oifigeil air plèana no air rèile; agus Tabhartasan-Gus-Cuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh Rìoghail, a tha mòran nas lugha na na dhà eile agus tha e a' coinneachadh cuid de chosgaisean conaltraidh às leth buill den Teaghlach Rìoghail.

Tha cunntasan bliadhnaile gan clò-bhualadh airson nan trì Tabhartasan-gus-Cuideachadh. Tha lethbhric air am breacadh air www.royal.gov.uk no gheibhear iad bho Leas Rùnaire na Bànrìghe, Lùchairt Bhuckingham, Lunnainn SW1A 1AA.

Roinnean Riaghaltais

£ milleanan
0.489

'S e maoineachadh a chaidh a ghluasad is a chosg is fo smachd an Dachaigh Rìoghail a th' ann an Liosta Chatharra, Suim Bhliadhnaile Phàrlamaideach agus Tabhartasan-Gus-Cuideachadh. A thuilleadh air sin bidh Roinnean Riaghaltais a' coinneachadh gu dìreach ri caiteachas a chaidh a chosg mar thaic don Bhànrig mar Cheann Stàite. Airson Prionnsa na Cuimrigh agus Bana-dhiùc na Còirn, tha roinnean Riaghaltais a' coinneachadh caiteachas co-cheangailte ri pàigheadh luchd-obrach air fo-fhastadh bho na Seirbheisean Armaichte (£251,339 air a chosg le Ministreachd an Dìon ann an 2005-06) agus cosgais tursan oifigeil thall-thairis a chaidh a ghabhail os làimh air iartas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Chofhlaitheis (£238,160 air a chosg le FCO ann an 2005-06).

Chan eil Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn a' faighinn airgead bhon Liosta Chatharra, ach tha Tabhartasan-gus-Cuideachadh, a tha pàighte do Dhachaigh na Bànrìghe air a chleachdadh, ann am pàirt, airson taic a thoirt don gnìomhan oifigeil aca.

CAITEACHAS

Dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais

£milleanan
6.587

Chaidh còrr air 50% de theachd a-steach A' Phrionnsa an dèidh cis bho Dhiùcachd na Còirn a chosg air dleastanasan oifigeil is gnìomhan carthannais. Den £6.587 millean chaidh £4.374 millean a chosg air an luchd-obrach a bha a' toirt taic dha Mòrachdan Rìoghail nan dleastanasan oifigeil. Tha mion-sgrùdadh den chaiteachas oifigeil air duilleag 53.

Tha 142 ag obair dha Prionnsa na Cuimrigh làn-ùine is pàirt-ùine san Dachaigh agus tha sin co-ionnan ri 126.7 neach-obrach làn-ùine. Dhiubh sin tha 105 a' toirt taic dom Mòrachdan Rìoghail ann a bhith a' gabhail os làimh dleastanasan oifigeil agus gnìomhan carthannais agus tha 21.7 nan luchd-obrach pearsanta dhaibh fhèin is dhan Phrionnsa Uilleam agus Prionnsa Harry. Den luchd-obrach oifigeil tha còigear fo-fhastachtaiche gun chosgais bho na Seirbheisean Armaichte mar a chithear air duilleag 45. Tha an clàr air duilleag 48 a' liostadh an luchd-obrach ann an roinnean Àrais agus cuideachd a' toirt a' chosgais iomlan, a' gabhail a-steach tuarastalan is caiteachas eile gach roinne.

Tabhartas-Gus-Cuideachadh: Oifis Lunnainn is àite-còmhnaidh oifigeil

£milleanan
0.355

'S e am Tabhartas-gus-Cuideachadh Seirbheisean Thogalaichean am maoinachadh bliadhna a tha an Dachaigh Rìoghail a' faighinn bho Roinn a' Chultair, nam Meadhanan is Spòrs airson cosgais cumail suas agus goireasan sònraichte is seirbheisean dàimheil nan Lùchairtean Rìoghail Còmhnachta.

'S e Clarence House oifis Lunnainn agus àite-còmhnaidh oifigeil Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam is Am Prionnsa Harry. Tha e air a chleachdadh airson dinnearan oifigeil, cuirmean is coinneamhan, a thuilleadh air oifisean dha luchd-obrach oifigeil Am Mòrachdan Rìoghail. Tha na prìomh rumannan, a th' air làr Ìosal Clarence House, fosgailte dhan t-sluagh bhon Lùnastal chun Dàmhair gach bliadhna, ged a tha iad dùinte corra là fhad 's a tha Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc a' fuireach ann. Chaidh caiteachas sìos ann an 2005-06 nuair a chaidh an gluasad gu oifisean ùra a chrìochnachadh. Fhuair faisg air 1, 900 neach aoigheachd oifigeil ann an Clarence House rè na bliadhna agus phàigh 42,000 neach-turais airson faighinn a-steach.

Tabhartas-Gus-Cuideachadh: Siubhal oifigeil air plèana is rèile

£milleanan
1.149

'S e Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail am maoinachadh bliadhna a tha roinn Na Còmhdhala a' tabhann airson cosgaisean siubhail rìoghail oifigeil air plèana is rèile. Tha siubhal oifigeil càir Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn pàighte a-mach à teachd a-steach Diùcachd na Còirn.

Còmhla ri Bana-dhiùc na Còirn, 's e pàirt de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh mar Oighre a' Chrùin, daoine bho diofar cheàrnaidhean den Rìoghachd Aonaichte a thoirt còmhla, a bhith mar chomarra air beatha nàiseanta agus an dùthaich a riochdachadh thall-thairis. Tha seo a' gabhail a-steach cuibhreann math de shiubhal a dh'fheumas a ghabhail os làimh ann an dòigh a choinnicheas ri riatanasan èifeachais, tèarainteachd is taisbeanaidh. Ann an 2005-06 shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail còrr air 60, 978 mìle gu is bho dleastanasan oifigeil san RA agus thall-thairis. Tha am figear seo a' gabhail a-steach faisg air 41,752 mìle de shiubhal thall-thairis. Thàinig cosgais nan tursan sin gu £1.149 millean ann an 2005-06.

Tha am figear seo a' gabhail a-steach cosgaisean caochlaideach airson tursan anns an deach 32 Squadron, Heileacoptair na Bànrìghe no an Trèana Rìoghail a-mhàin a chleachdadh. Tha seo air sgàth gu bheil cosgaisean a' phlèana is an trèana air an toirt a-steach an tèid an cleachdadh no nach tèid agus chan eil iad ri linn tursan sònraichte a chaidh a dhèanamh. Airson làn mhineachaidh faic Cunntas Bliadhna 2005-06 Tabhartas-Gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail air Plèan no Trèan – ri fhaighinn air www.royal.gov.uk.

Ann an 2005-06 shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail còrr air 60,978 mìle gu is bho dleastanasan oifigeil san RA agus thall-thairis. Tha am figear seo a' gabhail a-steach faisg air 41,752 mìle de shiubhal thall-thairis.

Tabhartas-gus-cuideachadh – Taic Conaltraidh

£milleanan
0.080

'S e an Tabhartas-gus-Cuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh Rìoghail am maoineachadh bliadhna a tha Roinn a' Chultair, nam Meadhanan is Spòrs a' toirt seachad airson seirbheisean conaltraidh is fiosrachaidh co-cheangailte ri cuirmean is dleastanasan rìoghail.

Tha oifis Prionnsa na Cuimrigh a' tarraing caiteachas bho bhith a' leasachadh is a' ruith prògram iomlan conaltraidh, a' cumail Oifis Naidheachd, ag ùrachadh is a' leasachadh a làraich-lìn, a' cumail fiosrachadh coitcheann is oideachail ri na meadhanan is ri daoine agus a' tabhann Oifigearan Naidheachd airson cuideachadh a thoirt dha na meadhanan co-cheangailte ri tachartasan oifigeil is tursan. Tha Prionnsa na Cuimrigh gu pearsanta, a' coinneachadh ris a' mhòr-chuid de na cosgaisean sin. Ach tha an Tabhartas-gus-Cuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh air a bhith a-riamh a' coinneachadh ri cosgaisean an lùib a bhith cuideachadh nam meadhanan aig tachartasan tron dùthaich.

Tursan thall-thairis is fo-fhastaidhean armailteach

£milleanan
0.489

Tha na Luchd-Frithealaidh (aon làn-ùine is aon pàirt-ùine) agus triùir a-mach às na ceathrar Oifigearan fo-fhastichte bho na Seirbheisean Armaichte airson Prionnsa na Cuimrigh is A' Bhana-dhiùc a chuideachadh le gabhail os làimh dleastanasan oifigeil. Tha dleastanas nan Luchd-Frithealaidh air a mhìneachadh air duilleag 49. Bha a' chosgais air Ministreachd an Dìon £251,339 ann an 2005-06.

Tha Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis a' coinneachadh ri cosgaisean Tursan Oifigeil Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn thall thairis (ach a-mhàin cosgaisean-siubhail a tha pàighte le Tabhartas-gus-Cuideachadh Siubhail Rìoghail). Ann an 2005-06 ghabh A Mhòrachd Rìoghail os làimh tursan oifigeil gu na SA, An Èiphit, Saudi Arabia agus na h-Innseachan. Chaidh na tursan sin a dhèanamh an dèidh iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis gus togail is neartachadh a thoirt do na deagh dhàimhean a tha an RA a' mealtainn le dùthchannan air feadh an t-saoghail. Thàinig cosgaisean nan tursan sin air FCO gu £238,160 ann an 2005-06.

Cis

£milleanan
3.296

Tha Prionnsa na Cuimrigh gu saor-thoileach a' pàigheadh cis cosnaidh air corra Diùcachd na Còirn, air riaghailtean cumanta cis-cosnaidh is aig na reitichean làithreach, agus tha e a' pàigheadh cis-cosnaidh agus cis buannachd calpa air a theachd a-steach eile gu lèir mar neach priobhaiteach sam bith. Tha cis airson na bliadhna a' gabhail a-steach VAT. Tha figearan 2005 air an rèiteachadh a rèir sin.

Caiteachas pearsanta

£milleanan
2.181

A thuilleadh air a bhith a' pàigheadh airson dleastanas oifigeil, gnìomhan carthannais agus buailteachd cis-cosnaidh Prionnsa na Cuimrigh, tha an teachd a-steach bho Diùcachd na Còirn air a chleachdadh airson coinneachadh ri caiteachas pearsanta Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn, agus Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry.

Tha caiteachas pearsanta a' gabhail a-steach cosgais tuarastail 21.7 luchd-obrach pearsanta làn-ùine, a' gabhail a-steach rùnairean pearsanta, còcaire, gillean-eich, gillean-coise, gàirnealairan, luchd-obrach an tuathanais is luchd-obrach na h-oighreachd, agus luchd-obrach Bana-dhiùc na Còirn is Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry. Tha caiteachas pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach, mar an nì singilte as motha, roinn iomchaidh de chosgais Highgrove House is Birkhall, agus cosgais cumail suas oighreachd is gàrradh Highgrove. Tha caiteachas pearsanta a' gabhail a-steach cosgais A Mhòrachd Rìoghail, Prionnsa Uilleim is Prionnsa Harry a' cluich polo. Mar anns na bliadhnaichean roimhe cha do chluich Prionnsa na Cuimrigh polo ach a-mhàin airson airgead a thogail dha carthannas; thathas a' meas gun deach £900,000 a thogail ann an 2005-06. Sgair Am Prionnsa a chluich polo aig deireadh seusan 2005, leanaidh a dhithis mhac a' cluich a' gheama airson cuideachadh a thoirt do bhuidhnean carthannais. Tha toraidhean Home Farm, tuathanas organaig A' Phrionnsa air Oighreachd Highgrove, air a ghabhail a-steach fon cheann seo. 'S e tuathanas gnìomhach, a stèidhich Prionnsa na Cuimrigh airson buannachdan malairteach is àrainneachd tuathanasachd organaig fhoillseachadh, a th' ann an Home Farm. Tha timcheall air 2,000 neach a' tadhal air gach bliadhna airson ionnsachadh mu thuathanasachd organaig.

LUCHD-OBACH

Aig, is airson, na bliadhna gu to 31 Màrt 2006

	Luchd-obrach Làn-ùine	Cosgaisean Oifigeil £000an
Àrd Rùnaire Priobhaiteach agus Cuidichean	3.0	
Oifis an Rùnaire Phriobhaitich		
Rùnaire Priobhaiteach	1.0	
Leas Rùnairean Priobhaiteach is Cuidichean	5.8	
Luchd-frithealaidh	1.5	
Co-òrdanaichean Prògram is Siubhail	4.0	
Luchd-obrach Rannsachaidh is Rianachd	9.7	
Conaltradh	5.1	
	30.1	1,977
Ionmhas is Rianachd		
Ionmhasair is Cuidiche	2.0	
Ionmhas	8.0	
Sgiobachd	6.6	
Tasglainn	3.0	
Manadair Siostaman TF	1.0	
Luchd-frithealaidh	3.5	
Ionad-Fàiltichidh	2.1	
	26.2	1,464
Conaltradh		
Rùnaire Conaltraidh is Cuidiche	2.0	
Rùnaire Naidheachd	1.0	
Leas Rùnairean Naidheachd	2.0	
Oifigearan Naidheachd is Deasaiche Làraich-lìn	4.0	
	9.0	780
Maighistear Roinn an Àrois		
Maighistear an Àrois is Cuidichean	3.5	
Buidealairean	2.0	
Còcairean	5.0	
Dràibhear	3.0	
Manaidsearan Taighe is Luchd Banas-taighe	6.7	
Gillean-coise is Luchd-aodaich	1.5	
Luchd-obrach an Orchard Room	2.0	
Gàirnealairean is Luchd-obrach Oighreachd	8.7	
Rianachd Cuairtean Gàrraidh	1.1	
	33.5	2,366
Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa		
Stiùirichean is Cuidichean	3.0	
Leas Stiùiriche	1.0	
Ceannard Leasachaidh	1.0	
Comhairliche	0.2	
Mion-sgrùdaire	1.0	
	6.2	-
Luchd-obrach Oifigeil iomlan aig 31 Màrt 2006	105.0	
Cosgais iomlan dleasan oifigeil is gnìomhan carthannais na bliadhna gu 31 Màrt 2006		
	6,587	

Oifisean

'S e Clarence House, mu choinneimh Lùchairt St James, ann am meadhan Lunnainn prìomh oifis Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn, far a bheil a' mhòr-chuid den luchd-obrach ag obair. Tha cosgaisean cumail suas oifis Lunnainn, a thuilleadh air goireasan is loidhnichean-fòn ceangailte (ach chan eil cosgaisean eile bho oifis Lunnainn) air an tarraing bho Thabhartas-gus-cuideachadh Seirbhisean Thogalaichean (faic duilleag 44). Tha oifisean cuideachd ann an Highgrove is Birkhall, àitean-còmhnaidh prìobhaiteach. Am Mòrachdan Rìoghail, airson luchd-obrach oifigeil. Mar sin, tha cuid de na cosgaisean a tha an lùib Highgrove is Birkhall, a' dol gu roinn caiteachais 'Dleastanasan Oifigeil agus Gníomhan Carthannais'.

Àrd Rùnaire Prìobhaiteach

'S e an Àrd Rùnaire Prìobhaiteach prìomh bhall Dachaigh Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn agus tha uallach air airson gach nì co-cheangailte ri ruith an Dachaigh agus airson smachd a chumail air buidhnean carthannais is buidhnean eile A Mhòrachd Rìoghaile.

Oifis nan Rùnairean Prìobhaiteach

Tha ruith Oifis nan Rùnairean Prìobhaiteach bho là gu là an urra ris an Rùnaire Prìobhaiteach. Tha an Rùnaire Prìobhaiteach, an Iar Rùnaire agus na Leas Rùnairean Prìobhaiteach a' cuideachadh is a' toirt taic do dhleastanasan oifigeil, thachartasan is gnìomhan carthannais Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn. Bidh iad a' cuideachadh le lìonadh a-steach leabhraichean-là Am Mòrachdan Rìoghaile, le eagrachadh am prògram thursan aig an taigh is thall thairis, le cur air dòigh seiseanan fiosrachaidh, dìnnearan is cuirmean eile, le dèiligeadh ri litrichean, agus a' co-òrdanachadh rannsachadh is fiosrachadh airson taic a chur rin obair. Tha uallach air gach Rùnaire Prìobhaiteach fa leth airson roinnean sònraichte is airson a bhith a' dèanamh ceangal ri cuid de bhuidhnean A' Phrionnsa is na Bana-dhiùc.

Tha na h-uallaichean sin, a thuilleadh air uallaichean àrd luchd-obrach eile, air an liostadh sa Phàipear-taice (faic duilleagan 54 is 55). Tha fiosrachadh ga chumail ris A Mhòrachd Rìoghail mu chùisean àmail, is bun-fhiosrachadh ga thoirt dha airson litrichean a bhios e a' sgrìobhadh gu ministearan is gu ceannardan nàiseanta eile, is airson òraidean is artaigilean. Tha na Rùnairean Prìobhaiteach a' faighinn taic bho luchd-rannsachaidh, cuidichean pearsanta is luchd-obrach rianachd, is bidh iad ag obrachadh gu dlùth len co-obrichean ann an Oifis Rùnairean Prìobhaiteach na Bànrìghe.

Tha Oifis an Luchd-Frithealaidh, a bhios a' co-òrdanachadh prògram tachartasan Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn an urra ris an Rùnaire Prìobhaiteach. Bidh iad a' coimhead às dèidh an leabhraichean-là bho là gu là, tha iad nan eadar-aghaidh eadar luchd-obrach, am poileas is buidhnean bhon taobh a-muigh is bidh iad a' cur am prògram fad-ùine aca air dòigh. Bidh iad cuideachd a' stiùireadh shuidheachaidhean solarachd is còmhhdala airson tursan aig an taigh is thall thairis. Mar as trice, tha trì tursan thall thairis ann gach bliadhna. 'S e oifigear armailteachd ann an dreuchd, fo-fhastaithe dhan Dachaigh, bho na Seirbhisean Armaichte airson timcheall air dà bhliadhna, a th' anns an Luchd-Frithealaidh.

Gach bliadhna, bidh Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc a' faighinn mhiltean de chuiridhean bho raon farsaing de bhuidhnean poblach is prìobhaiteach. Tha gach fear dhiubh air a sgrùdadh gu cùramach le Am Mòrachdan Rìoghail is an luchd-obrach. Bidh an Luchd-Frithealaidh a' bruidhinn ri na Rùnairean Prìobhaiteach, Oifis nam Meadhanan agus prìomh bhuidhnean gus dèanamh cinnteach gu bheil Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc, gach bliadhna nan tursan, a' còmhdach raon farsaing de thachartasan is gu bheil iad a' coinneachadh ri tàr-dhealbh de dhaoine ann an ceàrnaidhean cho sgapte 's a ghabhas den dùthaich.

Tha an Luchd-Frithealaidh is an Luchd-Frithealaidh Sealach a' dèanamh ceangal ri cùisean armailteachd is dìon. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' cumail suas dlùth cheanglaichean le na Seirbhisean Armaichte, chan ann a-mhàin ann am Breatainn, ach cuideachd sa Cho-fhlaitheas, a thuilleadh air a bhith ann an dreuchd Leas Àrd Mharaithe, Leifteanant Coitcheann agus Marsal Adhair anns gach tè de Sheirbhisean Armaichte na rìoghachd.

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' cumail ceangal sònraichte ri 13 rèiseamaidean. Tha Am Prionnsa cuideachd na Chomodar Urramach Adhair de Feachd Rìoghail Valley an Adhair agus Prìomh Chomodar Adhair de Feachd an Adhair Rìoghail Sealan Nuadh, agus a' cumail ceangal sònraichte ri naoi rèiseamaidean Co-fhlaitheis.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh a' cuairteachadh in-shealbhachaidhean aig Lùchairt Bhuckingham gach bliadhna (chuir e 11 ann an 2005-06), is bidh e cuideachd a' frithealadh chuirmean stàite às leth Na Bànrìghe. Tha uallach air Oifis an Luchd-Frithealaidh airson na tachartasan sin a chur air dòigh.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam is Am Prionnsa Harry a' faighinn mòran litrichean gach bliadhna. Ann an 2005-06, mar eisimpleir, fhuair iad 45,771. Bidh daoine bho air feadh an t-saoghail a' sgrìobhadh gu Am Mòrachdan Rìoghail, ged a tha a' mhòr-chuid de na litrichean a' tighinn bhon RA.

Bidh raon farsaing de chuspairean anns na litrichean agus tha iad gu tric ag èirigh a-mach à cùisean làithreach is deasbadan. Bidh Am Mòrachdan Rìoghail a' faicinn taghadh math de na litrichean agus sgrìobh Am Prionnsa, gu pearsanta, 2,247 litrichean ann an 2005-06. Sgrìobh Bana-dhiùc na Còirn gu pearsanta, 869, agus còmhla sgrìobh iad 320. Bidh Am Mòrachdan Rìoghail a' dèanamh cinnteach gum faigh na litrichean nach freagair iad fhèin no an Rùnairean Priobhaiteach, freagairt às an leth bho Roinn a' Chonaltraidh. Far am bi sin iomchaidh, anns na freagairtean, cuiridh Roinn a' Chonaltraidh fiosrachadh a-steach mu obair charthannais ùidhean is gnìomhan A' Phrionnsa is na Bana-dhiùc, a thuilleadh air fiosrachadh eachdraidheil, is bun-fhiosrachaidh eile dha sgoiltean is daoine òga.

A thuilleadh air sin, bidh Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc a' faighinn iartasan bho mòran de bhuidhnean carthannais is buidhnean eile airson tabhartasan no rudan a thèid gu ruig. Tha Roinn an Ionmhais a' dèiligeadh ri iartasan airson tabhartasan, fhad 's a tha Roinn a' Chonaltraidh a' dèiligeadh ri iartasan airson rudan airson ruig. Ged nach eil e comasach dèiligeadh ri gach iartas a thaobh rudan airson ruig, bidh A Mhòrachd Rìoghail a' toirt seachad nithean leithid lithographs de a pheantadh, leabhraichean soidhnichte agus cuairtean tron ghàrradh aig Highgrove. Ann an 2005-06, thog rudan a chaidh a thoirt seachad airson ruig còrr air £110,135 dha cathrannas.

Ionmhas is Rianachd

Tha uallach air Roinn an Ionmhais is Rianachd airson rianachd ionmhasail is pearsanta, siostaman fiosrachaidh is rianachd choitcheann tron Dachaigh. 'S e an Rùnaire a tha air ceann na roinne, le cuideachadh bhon Smachdair Ionmhais is Ceann Sgiobachd is Rianachd.

Tha smachd ionmhasail aig Roinn an Ionmhais tro co-chur buidseatan bliadhnail, cunntasan rianachd mìosail agus sreath de shiostaman is modhan cunntais, gu h-àraidh airson caiteachas ùghdarrasachadh. Tha uallach oirre cuideachd airson a bhith faighinn luach an airgid agus airson goireasan riatanach luchd-obrach a shuidheachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air gach roinn den chaiteachas.

Tha uallach ionmhasail is rianachd air an Ionmhasair airson UK Charities Foundation agus US Charitable Foundation A' Phrionnsa. 'S ann oirre cuideachd a tha uallach mu A. G. Carrick Earranta, aon de bhuidhnean malairteach UK Foundation, a bhios a' faighinn teachd a-steach bho reic lithographs de dhealbhan A' Phrionnsa is bho dhealsaidhean-ùghdair clò-bhualadh leabhraichean. Tha còrr air £4 millean ann an teachd a-steach bliadhnail an dà Bhunait. A thuilleadh air sin, tha an Ionmhasair a' cumail sùil air gnòthaichean ionmhasail prìomh bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa agus tha gnòthaichean clò-bhualaidh, cùmhnantachaidh is reachdail an urra rithe cuideachd.

Tha Roinn na Sgiobachd os cionn fastadh luchd-obrach, pàigheadh, trèanadh is leasachadh dreuchd, conaltradh a-staigh is dàimhean luchd-obrach. Tha roinn Rianachd Shìostaman Fiosrachaidh aig Lùchairt Bhuckingham a' tabhann is a' toirt taic don mhòr-chuid de shiostaman teicneolas fiosrachaidh an Dachaigh. Tha uallach air Manaidsear Siostaman Taic TF airson obrachadh nan siostaman sin bho là gu là.

Tha triùir Thasglannaichean an urra ri rianachd nam pàipearan is faidhlichean co-cheangailte ri beatha phoblach Prionnsa na Cuimrigh, bho dheireadh nan 1960an. Tha pàipearan nas ùire anns an tasglann gan cumail aig Lùchairt St James agus tha clàran nas aosta gan stòradh sna Tasglainn Rìoghail aig Caisteal Windsor. Bidh an Àrd Thasglannaiche cuideachd a' dèiligeadh ri iartasan airson Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc a bhith nan Cùil-taic no Cinn-suidhe de bhuidhnean, agus dèiligidhean co-cheangailte ri cùil-taic is cinn-suidhe a tha suidhichte mar thràth.

Conaltraidh

Mar Oighre a' Chrùin, tha ùidh mhòr aig an t-sluagh is na meadhanan ann an gnìoghan Prionnsa na Cuimrigh, a thuilleadh air ann an cùisean co-cheangailte ri Bana-dhiùc na Còirn agus Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry. 'S e cleastanas an Oifigeir Naidheachd fiosrachadh a thoirt seachad agus tuigse nas fheàrr,

mu obair is gnìomhan Prionnsa na Cuimrigh fhurastachadh, dha luchd-èisteachd farsaing. Bidh an t-Oifigear Naidheachd cuideachd a' làimhseachadh iarrtasan meadhanan airson Bana-dhiùc na Còirn agus an dà Phrionnsa, agus a' conaltradh gu dlùth le co-oibrichean ann an Oifis Naidheachd Lùchairt Bhuckingham a thaobh cùisean coitcheann co-cheangailte ris a' Mhonarcachd air fad.

Tha uallach air an Rùnaire Conaltraidh airson na h-Oifis Naidheachd, anns a bheil Rùnaire Naidheachd, dà Iar Rùnaire Naidheachd, dà Oifigear Naidheachd, Iar Oifigear Naidheachd, Deasaiche Làraich-lìn agus PA roinneil.

Bidh an Oifis Naidheachd a' làimhseachadh cheistean meadhanan mu gach taobh de obair is dreuchd A' Phrionnsa, a thuilleadh air cùisean Bana-dhiùc na Còirn agus Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry, a' dèiligeadh, gach bliadhna, ri còrr air 40,000 brathan-fòn bho na meadhanan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Bidh an roinn a' cur air dòigh goireasan meadhanan dha tachartasan poblach am Mòrachdan Rìoghail san RA agus thall thairis, air fad, agus a' sgaoileadh ceudan de dh'fhiosan naidheachd, teachdaireachdan, aithrisean meadhanan agus notaichean gnìomhachaidh gach bliadhna.

'S e pàirt de dhleastanas na h-Oifis Naidheachd cuideachd a bhith a' cumail suas làrach-lìn Prionnsa na Cuimrigh – www.princeofwales.gov.uk. Ann an 2005-06, thàlaidh an làrach-lìn 74 millean briogan duilleige, agus 's e bun-fiosrachaidh thaitneach a th' innte dha na meadhanan, luchd-rannsachaidh agus dhan t-sluagh phoblach bhon RA agus thall thairis. A thuilleadh air an naidheachd as ùire mu thachartasan Am Mòrachdan Rìoghaile, tha an làrach a' toirt fiosrachadh seachad mun obair, is an gnìomhan carthannais, a thuilleadh air òraidean a chaidh a thoirt seachad bho chionn ghoirid, fiosrachadh eachdraidheil, artaigilean is gailearaidh dhealbh. Tha fiosrachadh is naidheachdan mun Phrionnsa Uilleam is Prionnsa Harry ri fhaighinn air an làraich cuideachd.

Maighstir Roinn an Dachaigh

Tha uallach air Maighstir an Dachaigh agus a roinn airson taighean-còmhnaidh is gàrraidhean Am Mòrachdan Rìoghaile, airson luchd-obrach pearsanta agus airson ruith iomlan chuirmean is tachartasan aoiigeachd. Tha aoiigeachd oifigeil na phàirt cudromach de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn. An-uiridh, thug iad aoiigeachd dha faisg air 9,043 aoiigean aig Clarence House agus ann an àitean-còmhnaidh Rìoghail eile. Tha na tachartasan sin a' dol bho bhith a' toirt aoiigeachd do dh'aoighean oifigeil is ceannardan cèin gu bhith a' toirt dhinnearan is consairtean airson taing a thoirt don fheadhainn a tha an sàs ann am buidhnean carthannais A' Phrionnsa is na Bana-dhiùc. Ann an 2005-06 chùm Am Mòrachdan Rìoghail 80 cuirm, co-labhairt, lòn is dinnear, bho lòn bheaga gu cuirmean airson ceudan aoiigean.

Feumaidh a' chuid mhòr den luchd-obrach a tha a' ruith is a' cur air chois nan tachartasan sin a bhith ag obair seachd làithean san t-seachdain, a' gabhail a-steach a' chuid mhòr de dh'fheasgaran, le clàr seachdain air/seachdain dheth ga chur an gnìomh. Chan eil luchd-obrach a bhios a' cuideachadh A' Phrionnsa is na Bana-dhiùc ann an dleastanas prìobhaiteach air a ghabhail a-steach, agus tha an cosgais ga chur gu caiteachas pearsanta. Tha buidealairean ag obair mar 'front of house' airson Am Mòrachdan Rìoghail, a' coinneachadh aoiigean, a' faighinn dheochan agus a' cur rumannan air dòigh. Tha iad ag obair gu dlùth le na Manaidsearan Taighe, a tha a' stiùireadh chùisean dachaigheil is glanaidh, a thuilleadh air na Còcairean. Airson cuirmean is dinnearan nas motha, tha na Manaidsearan Tachartais a' stiùireadh chùisean co-cheangailte ri planadh, rianachd is solarachd. Tha aon Bhuidealair ag obair an-còmhnaidh. Tha gillean-coise aig Prionnsa na Cuimrigh airson a chuideachadh le aodadh is èideadh oifigeil, is le aodach pearsanta. Tha aon neach-obrach aig A' Bhana-dhiùc a bhios ga cuideachadh san aon dòigh.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn a' cleachdadh an dachaigh phrìobhaiteach aig Highgrove, agus gu h-àraidh an Orchard Room taobh a-staigh a gharraidhean airson tachartasan oifigeil is cuirmean. Chaidh an Orchard Room a dhealbhadh is a thogail leis A' Phrionnsa gu sònraichte airson aoiigeachd a thoirt do dh'aoighean oifigeil. Tha e gu mòr air a chleachdadh; ann an 2005-06, mar eisimpleir, chaidh a chleachdadh airson 25 cuirmean, co-labhairtean is coinneamhan-fiosrachaidh airson còrr air 2,595 aoiigean.

An-uiridh thug Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc cuireadh do chòrr air 25,706 neach a dhol timcheall a' ghàrraidh aig Highgrove, a' crìochnachadh le deochan anns an Orchard Room. As t-samhradh faodaidh suas ri naoi cuairtean de 25 neach gabhail àite gach là, a' tighinn gu faisg air 921 cuairt sa bhliadhna. Thug an luchd-tadhail, eatorra, £113,651 seachad do bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa, gu saor-thoilich. A thuilleadh air sin 's dòcha, sa chumantas, gun coimhead an fheadhainn a tha a' frithealadh chuirmean oifigeil timcheall air a' ghàrradh. Tha na cuairtean sin a' comharrachadh seirbheis no suidheachaidhean sònraichte, ach tha iad cuideachd a' foillseachadh nam buannachdan a tha a' tighinn bho stiùireadh nàdarra fearainn agus gàirnealaireachd organaig. Tha Am Prionnsa dealasach a thaobh glèidhteachas dualchas nàdarra Bhreatainn, agus tha e a' cleachdadh a' ghàrraidh mar raon glèidhteachais airson gnèithean luibhean, fhùraichean is chraobhan a tha fo chunnart.

Tha luchd-tadhail a' ghàrraidh a' gabhail a-steach buidhnean carthannais is gàirnealaireachd, is tha oileanaich ghàirnealaireachd is luchd-rannsachaidh ag obair sa ghàrradh fad na bliadhna. Chan eilear a' togail airgead airson na cuairte no nan deochan, ach faodaidh luchd-tadhail rudan a cheannach bho bùth Highgrove, a bhios a' cur a prothaidean gu lèir gu Bunait Charthannasan A' Phrionnsa.

Tha sgioba de ghàirnealairean ag obair dhan Phrionnsa. Seach gur ann sa mhòr-chuid airson cuairtean an t-sluaigh phoblach a tha an gàrradh ga chleachdadh, tha a' mhòr-chuid de na cosgaisean gan cur gu caiteachas oifigeil (ged a tha cosgaisean oifigeil a thuilleadh air cosgaisean priobhaiteach a' tighinn bho theachd a-steach priobhaiteach A Mhòrachd Rìoghaile.) Tha an t-suim cothromachaidh, a tha air a thogail mar an tlachd a tha Am Prionnsa is a' Bhana-dhiùc a' faighinn bhon ghàrradh, ga chur gu caiteachas pearsanta. Tha Maighistir Roinn an Dachaigh cuideachd a' gabhail a-steach Oifigearan (a tha a' sealltainn an dèidh uidheam oifis, is air a bheil uallach airson solar oifis, pàipear-sgrìobhaidh is càraichean na h-oifis), agus Fàiltichean, agus tha slàinte is sàbhailteachd an urra ris.

Buidhnean carthannais

Chaidh oifis ùr carthannais a chruthachadh ann an 2003-04 le Stiùiriche is Leas Stiùiriche charthannais gan suidheachadh. On uair sin, tha tuilleadh luchd-obrach air a thighinn a-steach, air stèidh làn-ùine is pàirt-ùine, a' gabhail a-steach Ceann Roinne, Comhairliche Carthannais, agus Mion-sgrùdaire. Tha cosgaisean Oifis a' Charthannais air a thoirt bho Bunait Charthannais A' Phrionnsa.

'S e prìomh dhleastanas na h-Oifis taic is comhairle a thoirt do bhuidhnean carthannais Prionnsa na Cuimrigh, gu sònraichte do na 16 prìomh bhuidhnean, air gnothaichean leithid Riaghladh corporra, poileasaidhean thabhartais is maoinneachadh, planadh agus conaltradh. Ann an 2005, chlà-bhuail Oifis a' Charthannais seat ùr nas fharsainge de Stiùirichean Obrach airson a chleachdadh le prìomh bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa. Chruthaich i cuideachd ionannachd ùr roinnte dha na 16 buidhnean – ainmichte mar Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa – agus foillseachadh airson an obair is a soirbheachadh a mhineachadh. Tha Oifis a' Charthannais cuideachd a' furastachadh cheanglaichean is co-obrachadh eadar na buidhnean, a' cuideachadh le bhith suidheachadh luchd-cathrach is urrasairean, agus a' stiùireadh leasachadh ann am beachdan ùra is iomairtean.

A-rithist, tha an Oifis air adhartas a dhèanamh sna raointean sin uile sa bhliadhna chaidh seachad, gu h-àraidh le stèidheachadh cheanglaichean nas dlùithe is conaltradh nas fheàrr eadar na buidhnean. Tha pròiseactan ùra leithid Bunait Bhumi Vardaan sna h-Innseachan is carthannas Sentebale Prionnsa Harry dha clann so-ghointe ann an Lesotho nan dearbhadh air tabhartas meudachail Oifis a' Charthannais.

TURSAN BLIADHNAIL

Bidh Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc a' dèanamh grunn thursan a dh'Alba is dhan Chuimrigh gach bliadhna, is a thuilleadh air sin bidh iad a' fuireach seachdain ag obair ann an Lùchairt Holyroodhouse ann an Alba agus airson sreath de thachartasan oifigeil sa Chuimrigh. Tha cosgais nan tursan fada bliadhnail sin, a tha sa chumantas, co-cheangailte ri cuirmean is dinnearan, a' tighinn gu timcheall air £37,500, agus tha seo air a ghabhail a-steach ann an 'caiteachas oifigeil na h-aogheachd.'

COSGAISEAN OIFIGEIL SGRÙDAICHTE A RÈIR GNÈ CAITHEACHAIS

Tha caiteachas air a bhith air a mhion-sgrùdadh is air a mhineachadh sna h-earrainnean a bha roimhe a rèir roinne. Tha an clàr a leanas a' mion-sgrùdadh dhleastanasan oifigeil is caiteachas gnìomhan carthannais a rèir gnè.

A' bhliadhna gu 31 Màrt	£000an 2006	£000an 2005
Cosgaisean luchd-obrach	4,374	3,792
Trèanadh, fastadh is sochairean luchd-obrach	109	113
Siubhal is teachd-an-tìr	252	148
Cìsean co-chomhairleachail is proifeiseanta a-muigh	167	223
Aoigheachd oifigeil	387	454
Tabhartasan is gibhtean	42	30
Goireasan	103	72
Àitean-còmhnaidh is oifisean	395	515
Seirbheisean naidheachd is fiosrachaidh	110	76
Pàipear-sgrìobhaidh is uidheam-oifis	135	87
Siostaman TF	192	129
Banas-taighe	101	82
Àrachas	42	64
Gàrraidhean	41	30
Ìsleachadh	137	122
Iomlan	6,587	5,937

Tha cuid de na h-atharrachaidhean eadar caiteachas làithreach roimhe bliadhnaile minichte gu h-ìosal.

Tuarastalan

Tha cosgaisean £4.37 millean airson luchd-obrach co-cheangailte ri tuarastalan an 105 neach-obrach oifigeil is tha iad a' gabhail a-steach tuarastalan, tabhartasan Àrachais Nàiseanta, tabhartasan peinnein agus sochairean eile. Rè na bliadhna, tha luchd-obrach a bharrachd air a bhith an sàs airson an sgioba stiùiridh a neartachadh agus airson a bhith ag obair ann an Clarence House.

Siubhal is teachd-an-tìr

Tha an t-àrdachadh ann an cosgaisean siubhail is teachd-an-tìr a' sealltainn siubhal a bharrachd airson taic a chur ri iomairtean carthannais A' Phrionnsa is cosgais le lùghdachadh sgaoilidhean gualain.

Cìsean co-chomhairleachail is proifeiseanta a-muigh

Dh'èirich cìsean co-chomhairleachail is proifeiseanta a-muigh air sgàth gun robh a' bhliadhna chaidh seachad a' gabhail a-steach cìsean a tharraing dìon cùis Tribiùnal Obrach. Tha cìsean proifeiseanta a' gabhail a-steach cìsean reachdail is sgrùdaidh.

Aoigheachd oifigeil

Tha aoigheachd oifigeil a' gabhail a-steach cuirmean, lòin, is dinnearan a bhios ann an Clarence House, san Orchard Room aig Highgrove, ann an Holyroodhouse agus ann an grunn àiteachan eile. Dh'ìslich osgaisean sa roinne seo ann an 2005-06 ri linn measgachadh de thachartasan is modhan smachd cosgais leantainneach, ged a bha àireamh nan tachartasan oifigeil an ìre mhath co-ionnan ris mar a bha iad sa bhliadhna chaidh seachad. Tha na cosgaisean a' gabhail a-steach gleidheadh, cumail suas is màl an Orchard Room.

Àitean-còmhnaidh is oifisean

Tha an t-ìsleachadh sa chaiteachas a' foillseachadh cosgais nas ìsle sa bhliadhna chaidh seachad ann an gluasadan oifis taobh a-staigh Lùchairt St James, pròiseas a chaidh a choileanadh ann an 2005-06.

Siostaman TF

Tron bhliadhna, lean an Dachaigh a' cur a-steach ann an tuilleadh leasachaidh a thaobh cleachdadh teicneolas fiosrachaidh airson siostaman is modhan rianachd a thoirt air adhart.

PÀIPEAR-TAICE

CÙRAMAN ÀRD STIÙIRICHEAN

Sir Michael Peat

Àrd Rùnaire Priobhaiteach

- Uallach iomlan airson an Dachaigh is na h-Oifis
- Cùisean reachdail, stàite is deas-ghnàthach
- An Eaglais (a' gabhail a-steach Eaglais Chaitligeach na Ròimhe)
- Ceann-suidhe Bunait Charthannais A' Phrionnsa
- Diùcachd na Còirn
- Duchy Originals Earranta
- Na h-Oighreachdan Priobhaiteach

Elizabeth Buchanan

Rùnaire Priobhaiteach

- Stiùireadh iomlan den phrògram is leabhar-là
- Urras A' Phrionnsa
- Gnìomhachas cunntachail, a' gabhail a-steach Gnìomhachas sa Choimhearsnachd agus In Kind Direct
- Àiteachas is gnòthaichean dùthchail
- An àrainneachd nàdarra, a' gabhail a-steach Prògram Gnìomhachais A' Phrionnsa & Prògram na h-Àrainneachd, agus iasgach
- Am Poileas

Sir Malcolm Ross

Maighistir an Dachaigh, le taic bho Andrew Farquharson, Iar Mhaighistir an Dachaigh

- Stiùireadh iomlan de chuirmean is aogheachd
- Luchd-obrach pearsanta is dachaigheil
- Àitean-còmhnaidh is gàrraidhean air fad
- Tèarainteachd is diomhaireachd
- Uallach sòisealta
- Home Farm na Diùcachd

Leslie Ferrar

Ionmhasair, le taic bho Gary Atack, Smachdair Ionmhais, Mimi Watts, Ceannard Sgiobachd is Rianachd, agus David Hutson, Leas Ionmhasair is Manaidsear Chlàran

- Uallach iomlan airson gnòthaichean ionmhasail, cunntasachd agus tasgaidh
- Sgiobachd
- Teicneolas fiosrachaidh
- Clàr-seilbh
- Tasgaidhean is stiùireadh chlàran
- Clò-bhualadh, cùisean malairteach, cùmhnantach is reachdail
- AG Carrick
- Rùnaire companaidh Duchy Originals
- Stiùireadh iomlan ionmhasail air Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, le Stiùiriche Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa
- US Charitable Foundation

Paddy Harverson

Rùnaire Conaltraidh, le cuideachadh bho Patrick Harrison, Rùnaire Naidheachd

- Gnòthaichean meadhanan air fad dha Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn, Am Prionnsa Uilleam is Am Prionnsa Harry agus Diùcachd na Còirn

Sir Tom Shebbeare

Stiùiriche, Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, le cuideachadh bho Ann Chant, Iar Stiùiriche, Geoffrey Matthews, Stiùiriche Malairteach, agus Oliver Brind, Ceannard Leasachaidh

- Ro-innleachd airson is co-òrdachadh iomlan de Bhuidhnean Carthannais A' Phrionnsa, a' gabhail a-steach gu sònraichte, togail maoin is riaghladh
- Àrd Stiùiriche Bunait Charthannais A' Phrionnsa

Mark Leishman

Iar Rùnaire Priobhaiteach

- Alba, a' gabhail a-steach buidhnean Albannach A' Phrionnsa
- Slàinte, a' gabhail a-steach Bunait A' Phrionnsa airson Slàinte Aonaichte
- Foghlam, a' gabhail a-steach Education Summer School
- Ciorram
- Seann dhaoine, a' gabhail a-steach PRIME
- Roinn a' Chonaltraidh, air a stiùireadh le Claudia Holloway, Ceannard Conaltraidh

James Kidner

Iar Rùnaire Priobhaiteach

- Èirinn a Tuath
- Gnothaichean cèin, a' gabhail a-steach tursan thall thairis
- Leasachadh eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach International Business Leaders Forum Prionnsa na Cuimrigh
- Coimhearsnachdan Cinneachail is creideimh
- Sgoil Ealain Traidiseanta A' Phrionnsa

Manon Williams

Iar Rùnaire Priobhaiteach

- A' Chuimrigh, a' gabhail a-steach buidhnean Cuimreach Prionnsa na Cuimrigh
- An àrainneachd thogte, a' gabhail a-steach Bunait A' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Togte
- Dualchas, a' gabhail a-steach Urras Ath-nuadhachaidh A' Phrionnsa
- Drawing School A' Phrionnsa
- Na h-Ealain, a' gabhail a-steach Ealain & Gnìomhachas, Arts & Kids Foundation Prionnsa na Cuimrigh
- PRIME-Cymru

Amanda MacManus

Leas Rùnaire Priobhaiteach (pàirt-ùine)

- Eagrachadh is co-òrdanachadh thachartasan, obair charthannais is leabhar-là Bana-dhiùc na Còirn

Joy Camm

Leas Rùnaire Priobhaiteach (pàirt-ùine)

- Eagrachadh is co-òrdanachadh thachartasan, obair charthannais is leabhar-là Bana-dhiùc na Còirn

Katy Golding

Leas Rùnaire Priobhaiteach

- Eagrachadh is co-òrdanachadh thachartasan, obair charthannais is leabhar-là Bana-dhiùc na Còirn

Jamie Lowther-Pinkerton

Rùnaire Priobhaiteach dha Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry (pàirt-ùine)

- A' comhairleachadh nam Prionnsan mun dreuchdan, cùil-taic carthannais is gnothaichean eile, is a' cur air dòigh tachartasan oifigeil

Squadron Leader Jayne Casebury

Neach-Frithhealaidh

- Na Seirbheisean Armaichte agus Eòlaich
- Prògram, leabhar-là, siubhal is solarachd
- In-shealbhachaidhean
- Na Seirbheisean Èiginn (gun Am Poileas)
- Spòrs, rannsaichearan is dànairean

Virginia Carington

CuidicheSònraichte dha Prionnsa na Cuimrigh

Is Bana-dhiùc na Còim

- An Cruinneachadh Rìoghail
- Litrichean pearsanta is tachartasan priobhaiteach

Anita Kumar

Leas Rùnaire Priobhaiteach

- A' Cho-fhlaitheas
- Coimhearsnachdan Cinneachail is creideimh
- Leasachadh seasmhach sna h-Innseachan, a' gabhail a-steach Bunait Bhumi Vardaan

BUIDHNEAN CARTHANNAIS A' PHRIONNSA

'S e còmhlan de bhuidhnean chan ann airson prothaid a th' ann am Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, buidhnean air a bheil Prionnsa na Cuimrigh na Cheann-suidhe; Chaidh 14 de na 16 buidhnean a stèidheachadh gu pearsanta leis A' Phrionnsa.

'S e a' bhuidheann an iomairt charthannais iom-adhbhar as motha a th' anns an Rìoghachd Aonaichte a' togail còrr air £100 millean gach bliadhna. Tha na buidhnean a' gnìomhachadh thar raon farsaing de roinnean, a' gabhail a-steach cothrom is iomairt, foghlam, slàinte, na h-àrainneachd togte, gnìomhachas cunntasail, na h-àrainneachd nàdarra agus nan ealan.

Tha na buidhnean carthannais a' foillseachadh lèirsinn fad-ùine is ùr-ghnàthach Prionnsa na Cuimrigh, agus tha iad a' feuchainn ri dèiligeadh ri roinnean feumalachd ris nach deach coinneachadh fhathast.

COTHROM IS IOMAIRT

Urras A' Phrionnsa

www.princes-trust.org.uk Fòn: +44 (0) 800 842 842

Urras Gnìomhachas Albannach A' Phrionnsa

www.psybt.org.uk Fòn: +44 (0) 141 248 4999

Prime

www.primeinitiative.org.uk Fòn: +44 (0) 20 8765 7833

Prime – Cymru

www.prime-cymru.co.uk Fòn: +44 (0) 845 601 8693

FOGHLAM

Drawing School A' Phrionnsa

www.princesdrawingschool.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8527

Sgoil Ealain Traidiseanta A' Phrionnsa

www.princessschooltraditionalarts.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

SLÀINTE

Bunait A' Phrionnsa airson Slàinte Aonaichte

www.fih.org.uk Fòn: +44 (0) 3119 3100

AN ÀRAINNEACHD THOGTE

Bunait A' Phrionnsa airson Na h-Àrainneachd Togte

www.princes-foundation.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

Urras Ath-nuadhachaidh A' Phrionnsa

www.princes-regeneration.org Fòn: +44 (0) 20 7033 2580

GNÌOMHACHAS CUNNTASAIL

AGUS AN ÀRAINNEACHD NÀDARRA

Gnìomhachas sa Choimhearsnachd

www.bitc.org.uk Fòn: +44 (0) 870 600 2482

Prògram Gnìomhachais & Àrainneachd

Prionnsa na Cuimrigh

www.cpi.cam.ac.uk/bep Fòn: +44 (0) 1223 342 100

Gnìomhachas Albannach sa Choimhearsnachd

www.sbcscot.com Fòn: +44 (0) 131 451 1100

International Business Leaders Forum Prionnsa na Cuimrigh

www.iblf.org Fòn: +44 (0) 20 7467 3600

In Kind Direct

www.inkinddirect.org Fòn: +44 (0) 20 7860 5930

NA H-EALAIN

Ealain & Gníomhachas

www.aandb.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7378 8143

Arts & Kids Foundation Prionnsa na Cuimrigh

www.artsandkids.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7940 6433